

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Fairtìrchill – Eaglais an Dùin

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodgy.maclea@bbc.co.uk](mailto:rodgy.maclea@bbc.co.uk). This is Litir 623. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 319 corresponds to Litir 623.*

Bha mi o chionn ghoirid ann am fear de na glinn as fhaide – agus as bòidhche – ann an Alba. Tha Gleann Lìomhann ann an Siorrachd Pheairt ann an ceann a deas na Gàidhealtachd – an ìre mhath ann an meadhan na h-Alba. A bharrachd air a bòidhchead, tha an sgìre sin ainmeil airson eachdraidh agus beul-aithris. Ann an Litir leth-cheud 's a dhà (52), air ais sa bhliadhna dà mhìle (2000), dh'inns mi dhuibh mun riaghladair Ròmanach, Pontius Pilat. 'S e Pilat a cheadaich ceusadh Ìosa Chrìosd. A rèir beul-aithris, rugadh e ann am Fairtìrchill ann an Gleann Lìomhann oir bha athair ann an Alba mar phàirt de dh'arm na Ròimhe.

'S e baile beag brèagha a th' ann am Fairtìrchill. Agus chan eil e cho fada on a bha Gàidhlig aig muinntir an àite. **Chithear sin** anns a' chladh, ri taobh na seann eaglais, far a bheil carragh-cuimhne cogaidh ann. Sgrìobhte air a' charragh, tha seo: *To the Glory of God and in Memory of Those from Fortingall district who fell in the Great War 1914-1919.* Agus an aon rud ann an Gàidhlig: **Chum Glòir Dhè agus mar Chuimhneachan orra-sa a thuit à Fairtichill ann sa Chogadh Mhòr 1914-1919.**

Dè tha an t-ainm Fairtìrchill a' ciallachadh? Bha mi a' leughadh làrach-lìn an latha eile a bha a' cumail a-mach gur e “Fear nan Gall” a bh' ann, the *Stronghold of the Strangers*. Uill, cha chreid mi gu bheil sin ceart. Chì sibh gur e Fairtichill seach Fairtìrchill a th' air a' bhaile air a' charragh-cuimhne. Ach tha e dearbhte gun robh an dàrna “r” anns an ainm o shean. Bha an t-ainm clàraichte ann an dà cheud dheug is ceathrad (1240) mar *Forterkill*. Bha Uilleam MacBhàtair dhen bheachd gu bheil *kill* a' riochdachadh na Gàidhlig *cill*, no church. Agus bha e dhen bheachd gu bheil *fortair* a' ciallachadh dùn no caisteal. Mar sin tha Fairtìrchill a' ciallachadh “eaglais an dùin”.

'S dòcha nach eil sibh ag aithneachadh an fhacail Ghàidhlig *fortair*. Ach seo na sgrìobh MacBhàtair mu dheidhinn: “I have learned recently from Mr Duncan Campbell, late editor of the Northern Chronicle, a Glenlyon man, that one of the ancient round forts in Glenlyon is called in Gaelic *an Fhortair* [f-h-o-r-t-a-i-r]”. Agus bha MacBhàtair dhen bheachd gun robh an aon tùs aig Fortair ann an Gleann Ìle agus Forthar ann am Fìobh. Bha e a' smaoinichadh gur e *fortair* facal Gàidhlig a thàinig bhon Chruithnis o shean, gu dearbh bhon t-seann Cheilteis *verterae* – a tha clàraichte ann an seann làmh-sgrìobhainnean.

Agus an robh dùn ann am Fairtìrchill? Gu dearbh, bha. Ri taobh na h-eaglais tha Baile na Creige. Agus os cionn sin tha creag, mar a bhiodh dùil bho ainm a' bhaile. Bha tùr cruinn air mullach na creige sin anns an t-seann aimsir. Mar sin, tha “eaglais an dùin” a' dèanamh ciall.

Tha deagh theans ann gun deach an eaglais a thogail air làrach a bha naomh do na pàganaich Cheilteach a bha a' fuireach anns an sgìre mus tàinig a' Ghàidhlig agus Crìosdachd. Agus ri taobh na h-eaglais, tha tè de na craobhan as sine anns an Roinn Eòrpa – craobh-iubhair ainmeil air a bheil, ann am Beurla, *the Fortingall Yew*. An robh na pàganaich ag adhradh dhi? Bheir sinn sùil air a' cheist sin an-ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Gleann Lìomhann: *Glen Lyon*; Fairtìrchill: *Fortingall*; cladh: *graveyard*; carragh-cuimhne cogaidh: *war memorial*; dearbhte: *proven*; Uilleam MacBhàtair: *William J Watson*; dùn: *fort*; làmh-sgrìobhainnean: *manuscripts*; Crìosdachd: *Christianity*; craobh-iubhair: *yew tree*.

**Abairtean na Litreach:** fear de na glinn as fhaide: *one of the longest glens*; ceann a deas na Gàidhealtachd: *the southern Highlands*; a bharrachd air a bòidhchead: *in addition to its [her] beauty*; eachdraidh agus beul-aithris: *history and oral tradition*; mun riaghladair Ròmanach, Pontius Pilat: *about the Roman governor, Pontius Pilate*; a cheadaich ceusadh Ìosa Chrìosd: *who authorised the crucifixion of Jesus Christ*; arm na Ròimhe: *the army of Rome*; chan eil e cho fada on a bha Gàidhlig aig muinntir an àite: *it's not so long since the local people spoke Gaelic*; cha chreid mi gu bheil sin ceart: *I don't think that's correct*; gun robh an aon tùs aig Fortair ann an Gleann Ìle agus Forthar ann am Fìobh: *that Fortair in Glenisla and Forthar in Fife have the same origin*; a thàinig bhon Chruithnis o shean: *that came from the Pictish language in ancient times*; bha tùr cruinn air mullach na creige sin: *there was a round tower on the summit of that crag*; tha deagh theans ann: *there is a good chance*; gun deach an eaglais a thogail air làrach a bha naomh do na pàganaich Cheilteach: *that the church was built on a site that was sacred to the Celtic pagans*; tè de na craobhan as sine anns an Roinn Eòrpa: *one of the oldest trees in Europe*; ag adhradh dhi: *worshipping it*.

**Puing-chànain na Litreach:** *Chum Glòir Dhè: To the Glory of God*. Chum, a preposition which takes the genitive case, is rather old-fashioned and might be considered a little “Biblical” today. It can be translated as “to, for, in order that, for the purpose of”; its full expression is a chum. Here are some examples of how it might appear: a chum a' chùis a mhineachadh dha (*in order to explain the matter to him*), gum biodh na h-uile air an dèanamh a chum do ghlòire (*may all things be done for your glory*), thàinig iad dham ionnsaigh a chum mo chuideachadh (*they came to me for the purpose of aiding me*).

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** Chithear sin anns a' chladh: *that can [will] be seen in the graveyard*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA